

Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh

15/9/21, 1000-1300

Zoom

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Donald MacAmhlaidh (sa Chathair) Iain Mac a' Mhaoilein
 Marion Nic na Ceàrdaich Ceit-Anna NicLeòid

Luchd-obrach: Dòmhnull Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)
 Nevil Lee [NL] (Stiùiriche Ionmhais Eadar-amail)
 Donald Dòmhnullach [DMD] (Manaidsear Gnìomhachais)
 Mairi Anna NicAonghais [MAMI] (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

1. Leisgeulan

1.1 Cha robh gin.

2. Gnothaichean Dearbhte

2.1 Cha robh gin.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh (26/5/21)

3.1 Molaichte le Marion Nic na Ceàrdaich agus daingnichte le Iain Mac a' Mhaoilein.

4. Gnothaichean ag èirigh

4.1 Comharrachte.

5. Riosg

a) Clàr nan Riosgan

5.1 Bhruiddhinn DMD mun phàipear, a' mìneachadh adhartas le cuid de na riosgan agus b' e na prìomh phuingean còmhraidi:

Clàr Covid-19

- 5.2 Thèid beachdachadh air slige air adhart iomchaidh a thaobh a bhith a' trusadh fhiosrachadh air cò bhon luchd-obrach a fhuair banachdach, fhad 's aig an aon àm a bhith mothachail gur e rud diomhair a th' ann.

Clàr nan Riosgan

- 5.3 #11 – bha mothachadh ann nach eil na meadhanan Gàidhlig faicsinneachd gu leòr agus gun deigheadh an tuilleadh obrach a dhèanamh gus coinneamh leis a' Mhinstear le ùghdarris airson na Gàidhlig a ghleidheadh.
- 5.4 #13 – thèid seo a chuir gu ìre dearg airson aire a' bhùird le mothachadh cho cudromach 's a bha co-dhùnadh rèiteachadh a' Chait Chraolaidh.
- 5.5 #18 – bha mothachadh, a thaobh a' chunnart seo agus gu dearbha feedhainn eile, gu robh cuingealachd ann a thaobh miann na buidhne mu choinneimh dìth taic phoilitigeach iomchaidh bho chuid.
- 5.6 #24 – thèid seo ùrachadh gus sealltainn gu bheileas a' cur gnìomhan mu choinneimh molaidhean ag èirigh bhon suirbhidh air ro-uallach.
- 5.7 A' dol air adhart, thèid Clàr nan Riosgan a làimhseachadh taobh ri taobh ris am frèama-obrach dearbhaidd gus dèanamh cinnteach gu bheil e a' faighinn an aire air a bheil e airidh gu cunbalach.
- 5.8 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.
- 5.9 **Gníomhan:** 1) thèid na h-atharraichean gu h-àrd an cuir an cèill mus tèid pàipear air beulaibh a' Bhùird san t-Sultain. ([DMD](#))

6. Pasgan Cunntasachd Q1 2021-22

- 6.1 Bha Pasgan Cunntasachd na ràithe seo air beulaibh bhall agus rinn NL iomradh. Am measg nam prìomh phuingean ris an tèid dèiligeadh: planadh airson lùghdachadh ann an suimeannan airgid a dh'ionnsaigh an targaid deireadh bliadhna de £100k, a dh'fheumas sgrùdadh dlùth a dhèanamh air riochdachaidhean dealbhaichte; rèite air bile Gas a tha fhathast ri phàigheadh, agus teachd-a-steach co-cheangailte ri Speak Gaelic a chuir dheth. Dhaingnich NL gu bheil dùil gum bi an dà chuid cùl-stòran agus airgead faisg air neon i ro dheireadh na bliadhna, agus gun robh an uidheachadh air a sgrùdadh gu faiceallach leis an Sgioba Ionmhais.
- 6.2 Bha buill den bheachd gu robh an dòigh-taisbeanaidh a bha a-nis air a' phasgan math agus furasta a leughadh agus a thuigsinn.

6.3 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.

7. KPIs/Dashboard

7.1 Bha pàipear agus KPIs/Dashboard air beulaibh bhall agus bhruidhinn DMD mun phàipear.

7.2 Ri linn 's gu bheileas an urra gu mòr ri spòrs, gu h-àraighe air na meadhanan sòisealta, chaidh deasbad a chumail mu bhith nas innleachdail buileach a thaobh a bhith a' faighinn ar teachdaireachd a-mach chun t-sluaigh ann a bhith a' toirt cuireadh do dhaoine a tha a' coimhead spòrs air an t-seanail a bhith a' tighinn a dh'ionnsachadh na Gàidhlig.

7.3 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.

7.4 **Gníomhan:** 1) thèid iarraidh air buill a' Bhùird a bheil iad ag iarraidh puing cunbalach air clàr-gnothaich a' Bhùird a thaobh "discoverability" gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air faicsinneachd shusbaint nam meadhanan Gàidhlig. ([MAMI](#))

8. In-sgrùdadh 2021/22

8.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh, mar a chaidh aontachadh aig coinneamh na Comataidh sa Chèitean, gun deach cuireadh gu tairgse a-mach airson In-sgrùdadh air Solarachadh agus gun d' fhuaireas trì thagraidhean.

8.2 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.

8.3 **Gníomhan:** 1) thèid an tuilleadh rangachaith a dhèanamh air na tagraighean agus thig fiosrachadh air ais chun Chomataidh mus tèidear an sàs ann an còmhraidhean le solar. ([NL](#))

9. Frèama-obrach Dearbhaile

9.1 Bha pàipear air beulaibh bhall aig coinneamh na Comataidh Sgrùdaidh sa Chèitean 2021. Chaidh dreachd de mholadh a thaobh mar a dh'fhaodadh frèama-obrach dearbhaile obrachadh ann an gnìomh a thoirt don Chomataidh. Chaidh ùghdarris a thoirt do NL agus Marion Nic na Ceàrdaich a bhith ag obair còmhla gus na molaidhean a dhaingneachadh agus aithris air ais chun ath choinneamh comataidh.

9.2 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte gu robh na raointean a tha air an comharrachadh ann an raon na h-obrach iomchaidh.

9.3 **Gníomhan:** gabhaile an Stiùiriche Ionmhais ùr seo os làimh agus thig adhartas air ais chun Chomataidh san t-Samhain. ([NL](#))

10. In-sgrùdadadh a' dol air adhart

- 10.1 Bha pàipear air beulaibh bhall ag iarraidh air buill beachdachadh air dè am modh-obrach a bha iad airson a chleachdadadh gus a' Chomataidh agus aig a' cheann thall am Bòrd a bhith cofhurtail gu bheil barantas ann mu ghnìomhan na buidhne.
- 10.2 Le astar an atharrachaидh a' sìor fhàs, chaigh beachdachadh air modh-obrach MG ALBA a bhith a' cumail sgrùdadadh domhain air aona chuspair gach bliadhna, le ceist am bu chòir gluasad gu modh-obrach a bha nas sùbailte agus a bha stèidhichte air measadh riosgan.
- 10.3 Chaigh deasbad a chumail agus b' e faireachdainn nam ball gum biodh dòigh-obrach stèidhichte air cunnartan agus a' toirt fainear do chlàr nan riosgan, a' sealltainn ri aon no grunn chuspairean a dhèanamh gach bliadhna, ach gu robh e cudromach gu robh dha-rìribh fios agad air na cunnartan an toiseachd.
- 10.4 Bha beachd ann gum bu chòir sgrùdadadh air na companaidhean riochdachaidh a bhith mar phàirt den phròiseas solarachaidh agus coimiseanaidh, seach mar phàirt den in-sgrùdadadh.
- 10.5 Bha beachd ann gum biodh ceithir no còig là iomchaidh airson sgrùdaidhean sam bith le aithne gu feumadh a dhol an sàs ann an cuspair sònraichte nam biodh an riosg air a mheas aig ire àrd.
- 10.6 Bha beachd ann gur e frèama-obrach dearbhaidd am prìomh inneal airson a bhith ag innse ciamar agus càite am biodh prògram in-sgrùdaidh riatanach airson adhbharan dearbhaidd.
- 10.7 Tha e cudromach gu bheil na cuspairean buntainneach agus le ceangal gu riosgan aig àrd ire.
- 10.8 **Co-dhùnadh:** thèid gluasad air adhart le dòigh-obrach stèidhichte air riosgan ach le aithneachadh gu robh sgrùdaidhean air solarachadh agus daoine cudromach.
- 10.9 **Gníomhan:** bheir an Stiùiriche Ionmhais ùr seo air adhart. ([NL](#))

11. Lèirmheas air poileasaidhean

- 11.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le sealladh bliadhnailean gus dèanamh cinnteach gu robh riaghlaigh agus poileasaidhean na buidhne coileanta.
- 11.2 Bha beachdan ann
 - 11.2.1 gum biodh e iomchaidh deitichean lèirmheis ioma-bliadhna a chuir mu choinneamh cuid, le feadhainn eile gan sgrùdadadh nas tric,
 - 11.2.2 gu faodadh cuid de na poileasaidhean a bha faisg air a chèile a thaobh cuspair an làimhseachadh ann am pasgain,
 - 11.2.3 gum biodh e feumail coimhead air ciamar a bhathas gan cur an cèill gus a bhith furasta do luchd-obrach stiùir a lorg air cuspairean sònraichte.

- 11.3 Chaidh a chomharrachadh gu robh e cudromach gum biodh na poileasaidhean air fad furasta an lorg.
- 11.4 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.
- 11.5 **Gníomhan:** thèid obair sgioblachaидh a dhèanamh air coltas a' phàipear agus thèid fainear a ghabhail de na molaidhean gu h-àrd. ([MAMI](#))

12. Aithisg gèillidh àrainneachd

- 12.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh suidheachadh na buidhne a thaobh oidhirpean lùghdachadh eimiseanan carboin, le lèirmheas lethach slighe tron bhliadhna agus measadh airson 2021.
- 12.2 Chaidh innse gu bheil am fiosrachadh air beulaibh bhall a' coimhead a-mhàin ri togalach Steòrnabhaigh agus gu bheil obair a' dol air adhart gus buaidh àrainneachdail MG ALBA a lughdachadh ann an dòighean eile cuideachd.
- 12.3 Chaidh innse a thaobh an roinn riochdachaidh gu bheileas a' gèilleadh ri riaghailtean a' BhBC a thaobh "Albert Sustainability" ged nach eil caitheamh CO2 mar phàirt den seo ach gu robh faireachdainn ann gu robh an t-uallach seo air na companaidhean fhèin seach air MG ALBA.
- 12.4 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.
- 12.5 **Gníomhan:** thig pàipear air beulaibh a' Bhùird (às dèidh co-labhairt Cop 26) san t-Samhain agus an uair sin sa Ghearran a-rithist. ([NL](#))

13. Leantainneach gnothaich

- 13.1 Bha pàipearan air beulaibh bhall a' mìneachadh inbhe deuchainn Leantainneach Gnothaich airson 2021/22.
- 13.2 Chaidh innse gu bheil am buidheann air a bhith air stèidh Leantainneach Gnothaich bhon Mhàrt 2020 nuair a chaidh planaichean a chuir an gnìomh gus na cunnartan don bhuidheann a riaghlaidh co-cheangailte ri Covid-19 agus thachair seo gu ìre mhòr gun bhriseadh ann an obair na buidhne.
- 13.3 A' leantainn bhon seo chan eil e comasach deuchainn Leantainneach Gnothaich a dhèanamh an-dràsta ann an dòigh sàbhailte agus èifeachdach.
- 13.4 Le rèiteachaidhean obrach ùra gu bhith air an cur an gnìomh anns na mìosan a tha romhainn tro obair "More Than a Workplace" bithear ann an suidheachadh nas fheàrr airson deuchainn a chuir air dòigh.
- 13.5 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.

- 13.6 **Gníomhan**: thèid deuchainn Leantainneach Gnothaich airson 2021/22 a chumail an dèidh toraidhean “More than a workplace” a chuir an sàs. ([DMD](#))

14. Obair ionmhais agus gníomhachais a' dol air adhart

- 14.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh atharrachaidhean dhaonna agus atharrachaidhean ann an sruthan-obrach agus dreuchdan.
- 14.2 Bha aithne ann a thaobh an t-uallach a bh' air cuid san roinn ionmhais agus gu robh e cudromach gun tèid seo a làimhseachadh san aithghearrachd leis an tuilleadh goireasan gan chuir an sàs nam biodh sin iomchaidh.
- 14.3 **Co-dhùnadh**: bha buill riaraichte.
- 14.4 **Gníomhan**: 1) thèid suidheachadh goireasan a bharrachd a ghleidheadh a thogail leis an Stiùiriche Ionmhais ùir ([NL](#)); 2) thèid pàipear air adhart gu Comataidh a' Chathraiche aig an ath choinneamh ([DC](#)).

15. Gèilleadh chìsean

- 15.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le lèirmheas air gèilleadh a thaobh laghan chìsean.

VAT

- 15.2 Chaidh modhan-obrach VAT a mhìneachadh ann am pàipear, le fios gu bheil deich bliadhna bhon a chaidh e a chur air bhog. Rinnear lèirmheas, agus ri linn nach eil suidheachadh MG ALBA (ie gu bheil MG ALBA a' dèanamh solar phrògraman is eile don BhBC) air atharrachadh gu mòr, bhathas a' measadh nach robh riosg VAT mòr aig a' bhuidhinn. Ge-tà, b' fhiach sin a dhearbhadh gu proifeasant. Chaidh deasbad a chumail.
- 15.3 **Co-dhùnadh**: bha buill riaraichte le beachd nan oifigear.
- 15.4 **Gníomhan**: thèid cosgaisean fhaighinn bho chompanaidhean suas gu prìs de £5,000 gus an t-suidheachadh a sgrùdadadh agus aithisg a thoirt seachad agus thèid toraidhean seo air beulaibh na Comataidh san t-Samhain. ([NL](#))

Cis Corparaid

- 15.5 Chaidh innse gun deigheadh lèirmheas a chumail gu proifeasant air aithris-chìse chorporaid na buidhne.

PAYE

- 15.6 Chaidh innse gun deigheadh lèirmheas a chumail gu proifeasanta air riosgan chìsean co-cheangailte ri luchd-obrach neo-cheangailte (freelancers and self-employed) agus companaidhean seirbheis (service companies) a bha ag obair le MG ALBA.
- 15.7 **Gníomhan:** thèid lèirmheas a chumail agus bidh aithisg air beulaibh na Comataidh aig an ath choinneimh. [\(NL\)](#)

16. GISBE

- 16.1 Bha faireachdann aig ball gu robh cothrom ann, le cuir air bhog SpeakGaelic agus an Lèirsinn, faicsinneachd obair na buidhne àrdachadh a measg an t-sluaigh.

18. Deit na h-ath choinneimh – 10/11/21

Ainm sgrìobhte a' chathraiche:

Deit: